



An dà fhuamhaire



Air ath-innse le Mary Dickinson • Dealbhan le Toni Goffe

SANDBANK PR.
SANDBANK

An dà fhuamhaire



Air ath-innse le Mary Dickinson
Na dealbhan Toni Goffe
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnail

STÒRLANN • ACAIR




Caibideil 1

O chionn fhad' an t-saoghail,
ann an dùthaich mu thuath, bha Fionn,
fuamhaire mòr, a' fuireach.
Ge b' e càit an rachadh e bhiodh e ag ràdh,
“S mise am fuamhaire as motha agus as
treasa air an t-saoghal.”



Ach ann an dùthaich eile, bha fuamhaire
eile, Cuchulainn.
Gach àite dhan rachadh esan bhiodh e ag
ràdh, “S mise am fuamhaire as motha
agus as treasa air an t-saoghal.”

Bu toil le Fionn a
bhith a' cleasachd.




Bu toil leis cuideachd a bhith ag obair
sa ghàrradh.

Bu toil leis a bhith a' snàmh an-dràsta
's a-rithist.



Agus bha a bhean daonnan an siud
còmhla ris agus bha i ga chuideachadh.



Bha lùdag bheag sheunta air Cuchulainn
a bheireadh neart dha.



Bha e cho làidir is gun
glacadh e dealanach.

B' urrainn dha cuideachd na sgòthan a
phutadh air ais.



Latha bha siud chuala Cuchulainn mu
Fhionn, fuamhaire na dùthcha mu
thuath, agus thuir e, "Thèid mi ga
fhaicinn. Seallaidh mise dha cò as treasa
air an t-saoghal."

Dh'fhalbh Cuchulainn air an turas chun na dùthcha mu thuath.

Bha e cho àrd is gun robh a cheann anns na sgòthan, agus bha e cho trom is gun robh an talamh a' dol air chrith fo a chasan. Air an t-slighe bha e a' seinn,

“Tha mi a' tighinn, tha mi a' tighinn,
a Fhinn.

Bristidh mi do chnàmhan agus
PRONNAIDH mi thu!”



Nuair a chuala Fionn gun robh
Cuchulainn a' tighinn, chlisg e agus thuirt e,
“Dè tha mi a' dol a dhèanamh? Tha lùdag
sheunta air Cuchulainn agus tha e cus nas
treasa na mise.”

“Ach chan eil e cho gleusta riumsa,”
arsa Seathag.

“Greas ort! Leum a-steach dhan chreathail.”

Chaidh Fionn a-steach dhan chreathail.

Chuir Seathag deòghlan an leanaibh na
bheul, agus bonaid beag air a cheann.

“Fàg agamsa e,” ars ise.

“Gheibh sinn an lùdag sheunta aige.”



Caibideil 2

Choisich Cuchulainn suas gu taigh Fhinn.

“Càit a bheil am fuamhaire, Fionn?”
dh’èigh e.


“Chan eil Fionn a-staigh,” thuirt Seathag.

“Chan eil a-staigh ach mi fhèin agus an leanabh. Chan fhada gus an till e, ged-tà. Fuirich gus an till e.”

“Fuirichidh,” arsa Cuchulainn.

“Tha mi ag iarraidh an isein sin!

Bristidh mi a chnàmhan agus
PRONNAIDH mi e.”



“An còrdadh deoch riut fhad ’s a tha thu a’ feitheamh?” arsa Seathag.

“Chòrdadh gu dearbh,” fhreagair Cuchulainn.

“Mar sin feumaidh mi uisge,” arsa Seathag.

“An urrainn dhut a’ bheinn fhosgladh agus abhainn a lorg dhomh?”

Chuir siud iongnadh air Cuchulainn.

“Siuthad, siuthad a-nis,” thuir Seathag le gàire.

“Nach e fuamhaire a th’ annad? Lorgaidh Fionn agamsa abhainn dhomh uair sam bith.”



“Ceart gu leòr ma-thà,” arsa Cuchulainn, agus an dèidh a bhith a’ sèideadh agus a’ sèideadh dh’fhosgail e a’ bheinn agus lorg e abhainn.

“Bha siud doirbh,” thuir e. “Feumaidh gu bheil Fionn uabhasach làidir.”

“S mi tha,” arsa Fionn ann an guth beag.





“An e Fionn a chuala mi an siud?”
dh’fhaighnich Cuchulainn.
“Chan e, cha robh ann ach an leanabh,”
arsa Seathag.
“Tha an t-acras air. Feumaidh mi a dhinnear
a dhèanamh. An tionndaidh thu an taigh mu
chuart gus nach cuir a’ ghaoth às an teine?”
Chuir siud iongnadh air Cuchulainn.
“Siuthad, siuthad a-nis,” thuir Seathag le gaire.
“Nach e fuamhaire a th’ annad? Bidh Fionn
daonnan a’ tionndadh an taighe mu chuairt.”



“Ò, ceart gu leòr ma-thà,”
arsa Cuchulainn. Shèid agus shèid e gus
an do thionndaidh an taigh mu chuairt.
“Bha siud uabhasach trom,” thuir e.
“Feumaidh gu bheil Fionn uabhasach
làidir.”
“S mi tha,” arsa Fionn ann an
guth socair.






“An e Fionn a chuala mi an siud?”
dh’fhaighnich Cuchulainn.
“Chan e, cha robh ann ach an leanabh,”
arsa Seathag.
“Feumaidh gu bheil e fuar. Tugainn
a-steach.”
Mar sin chaidh iad a-steach.
Shuidh Cuchulainn ri taobh an teine.
“Bidh an t-acras ort a-nis,” arsa Seathag.
“Nì mi paidh dhut mar a bhios mi
a’ dèanamh dha Fionn.”
“Tapadh leat,” arsa Cuchulainn.




Caibideil 3

Rinn Seathag dà phaidh. Chuir i
rèiseidean ann an aon dhiubh, agus chuir i
clachan anns an fhear eile. Chuir i crois
air muin a’ phaidh anns an robh na
clachan.
Às dèidh sin chuir i na paidhean
dhan àmhainn.





Nuair a bha iad bruich, thug Seathag am paidh leis a' chrois dha Cuchulainn. Thug Cuchulainn grèim às a' phaidh agus rinn fhiaclan BRAG air na clachan. "Siuthad, siuthad!" arsa Seathag le gàire. "Mas fuamhaire thu, ith e. Bidh Fionn ag ithe paidh glè thric." "Ceart gu leòr ma-thà," arsa Cuchulainn, agus dh'ith e am paidh. "Aobh, tha m' fhiaclan goirt," dh'èigh e. "Sgoinneil," thuirt Fionn le guth beag.



“An e Fionn a chuala mi an siud?”

dh’fhaighnich Cuchulainn.

“Cha b’ e,” arsa Seathag. “Cha robh ann ach an leanabh. Feumaidh gu bheil an t-acras air.

An toir thu dha am paidh seo?”

Chrùb Cuchulainn sìos ri taobh na creathail.

Thug e sùil gheur air Fionn.


“S e fìor leanabh mòr a th’ annad,” thuirt e.

“S e,” arsa Seathag. “Tha e coltach ri Fionn. Tha e uabhasach mòr, làidir.”

“An ith e am paidh?” dh’fhaighnich Cuchulainn.

“S e fhèin a dh’itheas,” arsa Seathag.

Chuir Cuchulainn am paidh am beul an leanabh agus dh’ith e h-uile criomag dheth.



Chuir siud iongnadh air Cuchulainn.
“Ciamar a nì e siud?” dh’fhaighnich e.
“Tha fiaclan uabhasach mòr ann,” arsa
Seathag.

“Cuir do lùdag na bheul agus fairich
fhiaclan,” thuirt i. “Cuir a-steach i cho
fada ’s as urrainn dhut.”

Chuir Cuchulainn a lùdag am beul Fhinn.
Nuair a bha lùdag Chuchulainn a-staigh
cho fada ’s a ghabhadh i thug Fionn grèim
cho cruaidh aiste ’s gun tug e dheth i.



22



“Thoir dhomh mo lùdag,” dh’èigh Cuchulainn.
Cha do rinn Fionn ach gàire.
Dh’fheuch Cuchulainn ri beul Fhinn fhosgladh
ach cha robh neart ann a-nis.

“Tha mi ag iarraidh mo lùdaig!

Tha mi ag iarraidh mo lùdaig!” thuirt e,
agus thòisich e a’ rànaich.

“Ist, ist, ist,” arsa Seathag. “Feuch nach cluinn
Fionn thu a’ rànaich. Greas ort! Teich mus tig
e dhachaigh.”

Mar sin ruith Cuchulainn fad an rathaid
dhachaigh agus cha do chuir e dragh sam
bith air Fionn agus Seathag
tuilleadh.



23

Cho luath 's a dh'fhalbh Cuchulainn
 leum Fionn às a' chreathail. Shad e
 an lùdag a-mach dhan mhuir.
 Thòisich e fhèin agus Seathag a' danns
 mu chuairt.
 "Ò, a Sheathag!" ars esan, "'s tu fhèin am
 boireannach as gleusta san t-saoghal.
 Agus 's mise am fuamhaire as treasa san
 t-saoghal."



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
 Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
 earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
 IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
 PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Mary Dickinson 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
 A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003
 10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
 air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
 ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
 Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Mary Dickinson a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
 mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 659 7